

Gairm gu Ùrnaigh: Latha na Sàbaid 30mh dhen Chèitean 2021 (Sàbaid na Trianaid)
Ùrnaigh aig 7f

Chunnaic am fàidh Isaiah sealladh anns an robh làthaireachd an Dè bheò a' lìonadh an Teampaill, agus chuala e guthan a' seinn:

Is naomh, naomh, naomh Tighearna nan sluagh;
tha an talamh uile làn de a ghlòir.

Chrith an Teampall fhèin nuair chaidh làthaireachd Dhè a foillseachadh. Tha Isaiah a' tuigsinn gur ann fa chomhair an Tighearna a tha e, ach fiù 's fhad 's a tha e ag aideachadh a chuid laigseanan, chuala e guth an Tighearna ag ràdh, "Cò leis a chuireas mi fios? Agus cò a thèid air ar son?" Agus tha Isaiah ag ràdh, "Feuch, tha mise an seo, cuir fios leamsa."

An-diugh, anns an teanntachd mhòr anns a bheil sinn, tha gràsan Dè nan lànachd air am foillseachadh dhuinn anns a' Chruthachadh, agus air an dearbhadh tro ìosa Crìosd ar Fear-Saoraidh, agus leis an Spiorad Naomh, ar Comhfhurtair. Tha sinn ag aideachadh gu bheil sinn lag, ach nuair a chluinneas sinn guth an Tighearna ag ràdh "Cò leis a chuireas mi fios? Agus cò a thèid air ar son?" canaидh sinn mar aon, "Feuch, tha mise an seo, cuir fios leamsa."

Dèanamaid ùrnaigh.

Is naomh, naomh, naomh
Tighearna nan sluagh;
A Dhè Bheò, deònaich dhuinn eòlas air do làthaireachd,
fiù 's nuair a bhios sinn lag.
Deònaich gum faigh sinn eòlas ort, agus thusa air d' fhoillseachadh dhuinn nad ghràs,
gar gairm as ùr.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Is naomh, naomh, naomh

Tighearna nan sluagh;

A Dhè Bheò, deònaich dhuinn eòlas air do làthaireachd,
trod obraichean ann an Nàdar.

Deònaich gun gabh sinn ri do Chruthachadh mar thiodhlac naomh,
agus gun toir sinn an aire air gach rud a thug thu dhuinn.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Is naomh, naomh, naomh

Tighearna nan sluagh;

A Dhè Bheò, deònaich dhuinn eòlas air do làthaireachd,
tro bheatha do Mhic a thàinig gus ar sàbhaladh.

Deònaich gun gabh sinn pàirt ann am beatha Crìosd
agus ann am beatha na h-eaglaise, a bhodhaig.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Is naomh, naomh, naomh

Tighearna nan sluagh;

A Dhè Bheò, deònaich dhuinn eòlas air do làthaireachd,
trod Spiorad, a dhòirt thu a-nuas oirnn.

Deònaich gum bi sinn air ar ath-nuadhachadh leis an Spiorad
agus gun gabh sinn pàirt ann am fior-bheatha an Spioraid.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Is naomh, naomh, naomh

Tighearna nan sluagh;

A Dhè Bheò, deònaich dhuinn eòlas air do làthaireachd,
nuair a nì sinn adhradh còmhla ann an ainm an Athar, a' Mhic agus an Spioraid
Naoimh.

Gabh rinn, a Thighearna, mar a tha sinn,
gabh rinn, fann agus briste,
agus slànaich sinn.

A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Morair Uallas, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fior Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fior Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Pòl Whittle, Eaglais Ath-Leasaichte Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam
Methodach (Alba)

An t-Urramach Tòmas R. Wilson, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an
Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan
Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais
Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla
ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)

